



Gnìomhachasan Cruthachail

**Ro-innleachd airson
Alba Chruthachail
2016-17**



ALBA | CHRUTHACHAIL

© 2016 Alba Chruthachail

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-fhoillseachadh ann am fòrmat sam bith gun chead sgrìobhte ro làimh bho Alba Chruthachail.

Co-ionannachd Chothroman

Tha poileasaidh co-ionannachd chothroman aig Alba Chruthachail. Tha slighe a-steach do dhaoine air a bheil ciorram aig na h-oifisean againn. Tha cuid de na foillseachaidhean rim faighinn ann an Gàidhlig, Scots, ann an clò-mòr agus ann an cruth claisneachd. Cuir fios thugainn air 0845 603 6000 Airson Typetalk cuir 18001 ron àireamh Airson luchd-cleachdaidh BSL, cleachd www.contactsotland-bsl.org

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh ann an cruth dealain le Alba Chruthachail - thoir an aire dhan Àrainneachd agus na clò-bhuail seo mur a bi cruaidh fheum agad air. Thoir an aire gu bheil sinn a' cleachdadh cheanglaichean-lìn san sgrìobhainn seo (gus ceangal ri foillseachaidhean, rannsachadh no planaichean eile) agus nach gabh iad seo a leughadh ma chlà-bhuaileas tu an sgrìobhainn seo.

Tha fiosrachaidh air ais bhuaid cudromach dhuinn. Innis dhuinn dè do bheachd air an fhoillseachadh seo le bhith cur post-d thugainn aig feedback@albachruthachail.com

Còmhdach: Podbox studio

Dealbh: le buidheachas do Make Works

“Tha glè bheag cinnteach mu mar a dh’fhàsas na gnìomhachasan cruthachail san àm ri teachd. Aon rud a tha cinnteach, ge-tà, ’s e ma tha gnìomhachas gu bhith a’ dèanamh adhartas, thig tòrr den tionnsgalachd - no an tionnsgalachd uile, fiù’s - bho ghnothachasan nach deach a stèidheachadh fhathast. Is dòcha nach eil na daoine a stèidhicheas iad fiù ’s air smaoineachadh fhathast air na rudan a bheir cliù dhaibh san àm ri teachd.”¹

John Kay



Scotland Re:Designed,
Judy Clark agus MYB Lace
aig An Taigh-solais

Dealbh le buidheachas do Scotland Re:Designed





Fi Scott from Make Works visiting
Carlton Die Casting, Glasgow

Dealbh: le buidheachas do Make Works

Ro-ràdh is amasan

Tha Ro-innleachd nan Gnìomhachasan Cruthachail air aon de thrì ro-innleachdan, le ro-innleachdan eile ann airson nan Ealan agus airson Sgrìn. Tha i a' coimhead gu sònraichte air taic do chompanaidhean agus gnìomhachasan a tha ag amas air a bhith fèin-sheasmhach. Thèid na trì ro-innleachdan seo a sgrùdadh is ùrachadh ann an 2017.

Tha i a' toirt cunntas air amasan airson an ath 12 mìos gus taic is fiosrachadh a chumail ri 14,000 gnìomhachasan cruthachail ann an Alba ann an 16 fo-roinnean – bho dheilbh gheamannan gu ailtireachd.

Ged a fhuair cuid a chompanaidhean agus daoine fa leth taic bhuainn, agus bho na buidhnean com-pàirteachaidh againn, tha sinn gu math mothachail gu bheil buidhnean is daoine eile ann aig nach eil dàimh dhìreach ri Alba Chruthachail no ri buidhnean poblach no buidhnean comhairleachaidh eile.

Tha fios againn gu bheil iomadh seòrsa gnothachais bho luchd-malairt aonair gu iomairtean mòra a' cluich ròl deatamach anns an roinn seo, roinn air a bheil sinn air gealltainn àrach is a' fàs a thoirt.

Tha fios againn cuideachd gu bheil a h-uile duine a tha an sàs anns na gnìomhachasan cruthachail feumach air sàr-neach-taic agus 's e ar n-amas a bhith nar sàr-luchd-taic le bhith a' cur luach anns a' bhuidhe chultarach agus sòisealta a th' aca cho math ris a' bhuidhe eaconomaich.

'S e am prìomh miann-adhartais againn:

Gum bi Alba mar an àrainneachd as taiceile san t-saoghal airson gnothachasan cruthachail, beag no mòr

Tha na ceithir ceann-amasan againn cho simplidh 's a tha iad cudromach:

A h-aon

A' tasgadh còmhla gus gnìomhachasan cruthachail seasmhach a chruthachadh tro cho-obrachadh agus com-pàirteachas.

A dhà

A bhith tionnsgalach airson na h-eaconomaidh san fharsaingeachd airson gach seòrsa gnothachais, a' gabhail a-staigh na roinne poblaich.

A trì

A' cur ri iomadachd; a' cruthachadh chothroman airson foirmean cruthachail a tha a' tighinn am bàrr agus ag aithneachadh cho cudromach sa tha com-pàirteachasan stèidhichte air àite agus com-pàirteachasan malairt aig an ìre ionadail.

A ceithir

A' cur ri ìomhaigh is inbhe eadar-nàiseanta, a' fosgladh slighean do mhargaidhean na cruinne.

Slam of the Arcade Age by One Life Remains,
at Tacos, Bluegrass and Video Game

Dealbh: Chris Scott







Patricia Niemann

Dealbh: le buidheachas do Make Works

An dleastanas againn

'S e a' phrìomh obair a bhios againn thairis air an ath 12 mìos a bhith a' cumail taic ri mion-iomairtean, an seòrsa gnothachais as cumanta ann an roinn nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Tha suidheachadh nan tobraichean maoineachaidh airson nan gnìomhachasan cruthachail san fharsaingeachd gu math toinnte. Ach 's e a bhith a' cuimseachadh tasgadh anns an dòigh as ro-innleachdaile is as urrainn dhuinn gus an roinn air fad a thogail aon rud as urrainn dhuinn dèanamh le ar com-pàirtichean.

'S e cnag na cùise gum bi sinn a' cur ri seasmhachd, tionnsgalachd, agus spèisealachadh agus gum bi sinn a' brosnachadh na h-ath-leumachd a tha a dhìth air eaconomaidh shoirbheachail anns an 21mh linn.

Tha dleastanas trì-fhillte air Alba Chruthachail: mar bhuidhinn-thagraidh, mar bhròcair; mar neach-tasgaidh.

Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cumail taic ri coileanadh anns na gnìomhachasan cruthachail air fad ann an Alba agus a bhith a' comharrachadh nan soirbheasan aca.

Tha e a' ciallachadh a bhith a' cur air dòigh aontaidhean gus na neartan is sgilean aca uile ùisneachadh. Chaidh iarraidh oirnn an co-òrdanachadh seo a stiùireadh, ag obair còmhla ris na naoi com-pàirtichean ann an SCIP.

Agus, mu dheireadh, tha e a' ciallachadh a bhith a' cleachdadh nan dàimhean seo gus na h-innealan ceart a thoirt do ghnìomhachasan cruthachail anns a h-uile àite gus an làn-chomas aca a choileanadh. Tha e a' ciallachadh gum bithear ag àrach àrainneachd far am bi cothrom aig a h-uile duine air na h-innealan seo - rud a tha deatamach airson soirbheas na h-Alba.

A' cur seo an gnìomh

Stiùiridh an sgioba spèisealach, Sgioba nan Gnìomhachasan Cruthachail, cur an gnìomh na ro-innleachd seo. Thèid seo a chleachdadh mar bhunait airson breithneachadh agus co-dhùnidhean tron bhuidhinn air fad.

Ach 's e na daoine fhèin a tha ris na gnìomhachasan cruthachail am rud as cudromaiche ann a bhith a' cosnadh soirbheas, agus 's e sin as adhbhar gur e fear de na prìomh obraichean ro-innleachdail againn a bhith ag èisteachd, agus èisteachd gu math ris na prìomhachasan aca. Tha na gnìomhachasan cruthachail deatamach airson soirbheas na h-Alba aig an àm seo agus san àm ri teachd.

Bidh an cuideam eadar-dhealaichte ann an diofar roinnean agus ann an diofar àiteachan. Ach 's e an an rud as cudromaiche anns a h-uile suidheachadh gum bruidhinn Alba Chruthachail gu soilleir is gu h-ìomchaidh an dà chuid ann a bhith ag àrach gnìomhachd a tha a' tighinn am bàrr, agus a' cuideachadh ghnìomhachasan agus luchd-malairt aonair gus soirbheachadh.

Leis na com-pàirtichean againn, tha sinn airson suidheachadh a chruthachadh far an urrainn don roinn i fhèin a neartachadh agus a bhith a' fàs.

Còmhla ri com-pàirtichean, nì sinn na rudan a leanas ann an 2016-17:

Amas a h-Aon

A' tasgadh còmhla gus gnòthachasan seasmhach fhàs

1. Treòraich gnìomhachasan cruthachail do na cothroman tasgaidh as fheàrr.

Obraichidh sinn le com-pàirtichean iomairt is tasgadh sòisealta gus ur cuideachadh gus an dòigh as fheàrr a lorg gus taic is tasgadh fhaighinn.

2. Dèan cinnteach gu bheil na sgilean ceart agaibh, agus aig na daoine chruthachail agaibh airson a' ghnòthachais agaibh.

Bidh sinn a' tairgse taic is fiosrachadh mu bhith a' leasachadh sgilean cruthachail is gnòthachais – ag obair còmhla ri buidhnean com-pàirteachaidh agus foghlam Àrd-Ìre is Adhartach.

3. Cruthaich taic gus am fàs pròiseactan ùra.

Brosnachaidh sinn iomairtean gus an roinn a leasachadh an dà chuid leinn fhèin agus le com-pàirtichean, a' cleachdadh a' mhaoineachaidh againn mar dòigh gus barrachd goireasan fhaighinn à tobraichean eile.

4. Mar chathraiche air Com-pàirteachd Gnìomhachasan Cruthachail (SCIP), geallaidh sinn gun dèan sin ar dìcheall gus dèanamh cinnteach gun toir SCIP a' bhuaidh as motha as urrainn dha air na gnìomhachasan cruthachail.

Obrachaidh sinn leis na com-pàirtichean uile gus buaidh a thoirt a tha so-bheantainn agus a ghabhas tomhas tro bhith a' sònrachadh ghnìomhan sònraichte ann am Plana Co-roinnte nan Gnìomhachasan Cruthachail.

Amas a Dhà

Tionnsgalachd airson na h-eaconamaidh san fharsaingeachd

1. Brosnaich tionnsgalachd ann an gnòthachasan cruthachail na h-Alba.

Obrachaidh sinn leis na gnìomhachasan cruthachail anns gach earrann de ghnòthachas ann an Alba agus anns na roinnean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach.

2. Cùm taic ri ceanglaichean èifeachdach eadar gnìomhachas agus an saoghal acadaimigeach.

Còmhla ri Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, cuiridh sinn taic ceangailte agus co-obrachail air dòigh airson tionnsgalachd taobh a-staigh colaistean is oilthighean.

3. Cruthaich am pròifil as àirde sa ghabhas airson gach earrann de na gnìomhachasan cruthachail.

Taisbeanaidh sinn gnìomhachasan cruthachail na h-Alba aig tachartasan agus aig gach cothrom, a' comharrachadh cruthachalachd, tionnsgalachd agus seasmhachd.

4. Tog aire mun bhuaidh aig gnòthachasan cruthachail air foghlam, slàinte, leasachadh coimhearsnachd agus air an eaconomaidh san fharsaingeachd.

Brosnachaidh sinn na 'sgeulachdan soirbheis' mu na gnìomhachasan cruthachail agus iarraidh sinn barrachd taic airson fàs san àm ri teachd. Cruthachaidh sinn prògram de bhùithtean-obrach gus ceangail a thogail eadar na h-ealain agus gnòthachasan cruthachail eile, a' brosnachadh co-obrachadh, tionnsgalachd agus tar-thorachadh bheachdan.

Amas a Trì

A' cur ri iomadachd

1. Obair gus saothair nan gnìomhachasan cruthachail ionadail a leasachadh.

Cuiridh sinn frèam air dòigh airson gnòthachasan cruthachail ionadail gus an deilbh iad leasachadh còmhla, gus am bi iad nas seasmhaiche agus obrachaidh sinn cuideachadh le ùghdarrasan ionadail gus cothroman a bhrosnachadh tro phlanaichean leasachaidh ionadail.

2. Meudaich sgilean, goireasan is toglaichean gus taic a thoirt do leasachadh nan gnòthachasan cruthachail.

Brosnachaidh sinn Ùghdarrasan Ionadail gus toglaichean, sgilean agus goireasan nach eil air an cleachdadh gu leòr a shònrachadh a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh gus taic a chumail ri gnòthachasan cruthachail san sgìre aca.

3. A' cur ri iomadachd san luchd-obrach.

Brosnachaidh sinn barrachd iomadachd san luchd-obrach, a' cur an aghaidh cnapan starra a thaobh inntrigidh agus slighean adhartais anns a' ghnìomhachas, a' bruidhinn gu dìreach ri daoine mu na miannan leasachaidh aca a thaobh gnòthachais agus a' gabhail pàirt ann an iomairtean air iomadachd aig ìre na RA.

Amas a Ceithir

A' cur ri ìomhaigh is inbhe na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta

1. Cuideachaidh sinn gnìomhachasan cruthachail gus cothrom fhaighinn air taic eadar-nàiseanta.

Brosnachaidh sinn agus fosglaidh sinn cothroman maoinichaidh Eòrpach agus nì sinn cinnteach gu bheil fios aig gnìomhachasan cruthachail mar a nì iad tagradh.

2. Sgaoil fiosrachadh mu eisimpleirean de shoirbheas eadar-nàiseanta.

Cuideachaidh sinn barrachd chompanaidhean gus malairt a dhèanamh gu h-eadar-nàiseanta, a' togail air na soirbheasan agus na neartan anns na roinnean ealain is cultair againn, gus tachartasan com-pàirteachaidh a chur air dòigh far am bi gnòthachasan cruthachail a' co-roinn fios mu na soirbheasan aca sa mhargadh eadar-nàiseanta.

3. Tog aire air feadh an t-saoghail mu na gnòthachasan cruthachail againn a tha beòthail agus air aithnichte gu h-eadar-nàiseanta.

Obrachaidh sinn còmhla ri com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gum bi gnìomhachasan cruthachail na h-Alba an làthair aig taisbeanaidhean is tachartasan mòra eadar-nàiseanta agus gun sgaoil iad na ionnsaich iad bho seo leis a' choimhearsnachd chruthachail san fharsaingeachd air ais ann an Alba.

Barrachd fiosrachaidh is fios conaltraidh

Chaidh an ro-innleachd seo a chur ri chèile mar phàirt de seata ghoireasan a tha an cur an cèill nan amasan againn airson nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba. Gus am fiosrachadh seo fhaighinn, a' gabhail a-steach cuid de na h-earr-ràdhan, naidheachdan, goireasan is ceanglaichean feumail, faic

www.creativescotland.com/creativeindustries

Gus leantainn na tha sinn ris, clàraich airson na liosta puist-d againn an seo:

www.creativescotland.com/updates

Agus ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu Alba Chruthachail is mun obair againn, cuir fios don t-Seirbheis Fiosrachaidh againn air a' fòn no le post-d.

Fòn: +44 (0) 845 603 6000

Post-d: **enquiries@albachruthachail.com**

¹ www.johnkay.com/2010/09/29/the-job-of-business-secretary-is-to-put-the-future-first

² Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Business Gateway, Leasachadh na h-Alba Eadar-nàiseanta, VOCAL (an comann nàiseanta airson manaidsearan cultair is cur-seachad), Buidheann Leasachaidh Eaconamach nan Ùghdarrasan Ionadail Albannach (SLAED).



ALBA | CHRUTHACHAIL

Geata Waverley
2-4 Plàs Bhatairliù
Dùn Èideann EH1 3EG
Alba RA

An Taigh-solais
Caolshraid Mitchell
Glaschu G1 3NU
Alba RA

Ionad-fàilte +44 (0) 330 333 2000
Fios +44 (0) 845 603 6000
enquiries@albachruthachail.com

www.albachruthachail.com

[@creativescots](https://twitter.com/creativescots)

An Cèitean 2016